



SUIRBHIDH AIR CLEACHDADH-CÀNAIN AIG CLANN RO-SGOILE

Tha an suirbhidh seo a' sgrùdadh mar a chleachdas clann sna sgoiltean-àraich cànan.

'S ann mar phàirt de Phròiseact Rannsachaidh Gàidhlig nan Eilean (IGRP) a tha e, a' rannsachadh cho beothail 's a tha cànan is cultar na Gàidhlig. Tha Soillse na chom-pàirteachas rannsachaidh eadar-oilthighe air a stiùireadh le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, far a bheil com-pàirteachas a leasachadh eadar coimhearsnachdan na Gàidhlig na phrìomh amas.

Bidh an IGRP a' sgrùdadh beothalachd na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan cudromach anns na h-Eileanan Siar. Tha an sgrùdadh seo de chleachdadh-cànain a-measg chloinne aig **aois 3-5** na mheur cudromach den phròiseact. Chan e sgrùdadh air mar a tha sgoiltean-àraich ag obair anns na h-Eileanan Siar idir a tha anns an t-suirbhidh seo. Tha sinne a' creidsinn gur e comharradh cudromach is a tha anns an dòigh is a chleachdas an fheadhainn as òige a' Ghàidhlig, airson cho seasmach is a tha ar coimhearsnachdan is ar cultar.

Tha sinn ag aithneachadh gur e uallach a bharrachd a bhios oirbh an obair seo a ghabhail os làimh, agus tha sinn ro thaingeil airson ur taice. Bidh na freagairtean agaibh na chuideachadh planaichean a dhealbhadh a ghleidheas a' Ghàidhlig mar chànan coimhearsnachd. Tha Roinn an Fhoghlaim aig Comhairle nan Eilean Siar a' cur taic ris an obair seo; thèid an ceisteachan do gach sgoil-àraich anns na h-Eileanan Siar, is thathas a' moladh gun gabh iad uile pàirt.

Chaidh gach neach-obrach a tha an sàs sa phròiseact tro sgrùdadh Protection of Vulnerable Groups, agus ghabh Bòrd Beus-eòlas Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean ris an dòigh-obrach. Bidh am fiosrachadh a thèid a thional gun urra, is ga ghiùlain gu dìomhair is, mar sin, cha bhi e comasach do dhuine sam bith freagairtean fa leth aithneachadh nuair a thèid toraidhean a' phròiseict fhoillseachadh.

Tapadh leibh

CLEACHDADH OIFIGEIL A-MHÀIN

Àireamh-bhratha	Ceann-là an rannsachaidh/ Rannsaiche	Là cur-a-steach an fhiosrachaidh/ Neach-obrach	Là-dearbhadh an fhiosrachaidh/ Neach-obrach	Àireamh sgìre-toraidh

EARRANN A – BUN-DÀTA

Thoir àireamh do gach leanabh (m.e. 1/20, 2/20, 3/20, 4/20, m.s.a.a.)	
Ainm Sgoil-àraich/Aonad ro-sgoile	

1) Dè an aois agus dè an gnè a tha an leanabh?

	Boireann	Fireann	Aois nuair a chlàraich e/i	Aois an-diugh
An leanabh				

EARRANN B – DÀTA COMAS-CÀNAIN

2) Cò ris a bha comas-labhairt an leanabh sa Ghàidhlig nuair a chlàraich e/i aig an sgoil-àraich/aonad ro-sgoile, a rèir a (h-)aoise?

	Fileanta – comas fileantach	Gàidhlig mhath	Gàidhlig reusanta	Beagan Gàidhlig	Gun Ghàidhlig
An leanabh					

3) Cò ris a bha comas-tuigsinn an leanabh sa Ghàidhlig nuair a chlàraich e/i aig an sgoil-àraich/aonad ro-sgoile, a rèir a (h-)aoise?

	Comas-tuigsinn mar fhileantach	Tuigse mhath	Tuigse reusanta	A' tuigsinn beagan Gàidhlig	Gun Ghàidhlig
An leanabh					

4) Gu dè an ìre 's gun do chuir an sgoil-àraich/aonad ro-sgoile ri comas-labhairt an leanabh sa Ghàidhlig?

	Gu tur	Gu ìre mhòr	Gu mun dàrna leth	Gu ìre mheadhanach	Gu ìre bheag
An leanabh					

5) Gu dè an ìre 's gun do chuir an sgoil-àraich/aonad ro-sgoile ri comas-tuigsinn an leanabh sa Ghàidhlig?

	Gu tur	Gu ìre mhòr	Gu mun dàrna leth	Gu ìre mheadhanach	Gu ìre bheag
An leanabh					

EARRANN C – DÀTA CLEACHDADH-CÀNAIN

6) Dè an cànan a bhruidhinn an leanabh ris na daoine a leanas nuair a chlàraich e/i aig an sgoil-àraich/aonad ro-sgoile? (Freagair far a bheil e iomchaidh)

	Gàidhlig a-mhàin	Gàidhlig mar bu trice	Measgachadh co-ionann de Ghàidhlig is Beurla	Beurla mar bu trice	Beurla a-mhàin	Cànan eile
Luchd-teagaisg/ luchd-stiùiridh san sgoil-àraich						
Luchd-obrach eile (m.e. luchd-taice/ luchd-cuideachaidh) san sgoil-àraich						
Clann eile san sgoil-àraich						

7) Dè an cànan a bhruidhneas an leanabh ris na daoine a leanas an-diugh? (Na freagair ma tha an leanabh fhathast 3 bliadhna a dh'aois.)

	Gàidhlig a-mhàin	Gàidhlig mar as trice	Measgachadh co-ionann de Ghàidhlig is Beurla	Beurla mar as trice	Beurla a-mhàin	Cànan eile
Luchd-teagaisg / luchd-stiùiridh san sgoil-àraich						
Luchd-obrach eile (m.e. luchd-taice/ luchd-cuideachaidh) san sgoil-àraich						
Clann eile san sgoil-àraich						

8) Nuair a bhruidhneas luchd-obrach san sgoil-àraich ris/rithe, ciamar a fhreagras an leanabh?

Gàidhlig a-mhàin	Gàidhlig mar as trice	Measgachadh co-ionann de Ghàidhlig is Beurla	Beurla mar as trice	Beurla a-mhàin	Cànan eile

EARRANN D – DÀTA A-BHARRACHD MU AN SGÌRE

Tha sinn a’ moladh gun lion stiùiriche na sgoil-àraiche no obraiche eile an earrann seo dìreach aon turas, às leth na sgoil-àraiche/an aonaid ro-sgoile, an àite turas airson gach leanabh.

S-1) Dè am poileasaidh-cànain a tha anns an sgoil-àraich/aonad ro-sgoile?

Meadhan na Gàidhlig		Meadhan na Gàidhlig mar as trice		Meadhan na Beurla mar as trice		Meadhan na Beurla	
---------------------	--	----------------------------------	--	--------------------------------	--	-------------------	--

S-2) Thairis air na deich bliadhna a dh’fhalbh, cia mheud (a-mach à ceud) den chlann aig an robh a’ Ghàidhlig mus do chlàraich iad san sgoil-àraich/aonad ro-sgoile?

0-5%	5-10%	10-30%	30-60%	60-100%

S-3) Dè an seòrsa sgìre anns a bheil an sgoil-àraich/aonad ro-sgoile? (Cuir sràc sa bhogsa iomchaidh).

Sgìre anns a bheil a’ mhòrchuid de phàrantan a’ togail an cloinne tro mheadhan na Gàidhlig	
Sgìre anns a bheil cuid de phàrantan (nas lugha na 50%) a’ togail an cloinne tro mheadhan na Gàidhlig	
Sgìre anns a bheil cuid de phàrantan (nas lugha na 30%) a’ togail an cloinne tro mheadhan na Gàidhlig	
Sgìre anns a bheil glè bheag de phàrantan a’ togail an cloinne tro mheadhan na Gàidhlig	
Sgìre anns a bheil e gu math annasach clann a thogail tro mheadhan na Gàidhlig	

S-4) Nad beachd agus ann an sgìre na sgoil-àraiche, dè cho tric ’s a bhios daoine anns na buidhnean a leanas a’ bruidhinn Gàidhlig bho là gu là?

	A’ mhòrchuid den ùine	Uaireannan	An-dràsta sa rithist	Cha bhi tric	Cha bhi idir
Daoine nas sine (65+)					
Inbhich (35-64)					
Inbhich òga (20-34)					
Deugairean					
Clann sa bhun-sgoil					
Clann ro-sgoile					

EARRANN E – NOTAICHEAN AGUS BEACHDAN

Nad bheachd phroifeiseanta, dè a' chomhairle a bheireadh tu, no dè mholadh tu dha sgioba Pròiseact Rannsachaidh Gàidhlig nan Eilean, a thaobh gnothach sam bith a chaidh a thogail sa cheisteachan, no mun Ghàidhlig san fharsaingeachd?

(Ma tha e iomchaidh, sgrìobh sa bhogsa gu h-ìosal.)



CEUD MÌLE TAING